



## Stiùireadh Maoin Taic COVID-19

### COVID-19 Support Fund Guidance

#### Mu dheidhinn na Maoine

Tha Maoin Taic COVID-19 aig Bòrd na Gàidhlig ann gus taic a chumail ri buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh agus buidhnean/daoine eile a tha a' libhrigeadh phròiseactan Gàidhlig ri linn staing COVID-19.

Tha taic-airgid ri fhaighinn airson buidhnean a chuideachadh le bhith a' cumail na h-obrach aca a' dol air-loidhne; gus goireasan agus trèanadh a ch-roinn; agus gus buidhnean a chuideachadh gus an urrainnear ath-shlànachadh cho math 's a ghabhas.

#### Mu dheidhinn Bòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànain air feadh na h-Alba.

Tha gach sgeama maoinachaidh a tha Bòrd na Gàidhlig a' ruith stèidhichte air na prìomhachasan a chithear sa [Phlana Cànan Nàiseanta Gàidhlig 2018-2023](#) agus sa [Phlana Chorporra aig a' Bhòrd](#), 's mar sin tha e riatanach gu bheil sibh eòlach orra mus cuir sibh iarrtas maoinachaidh a-steach.

#### About the Fund

Bòrd na Gàidhlig's COVID-19 Support Fund seeks to provide Delivery Partners and other groups that deliver Gaelic projects with support in response to the COVID-19 pandemic.

Funding is available to help organisations to continue their work online; to share resources and training; and to ensure the organisations are best-placed to recover from the current situation.

#### About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

Each Bòrd na Gàidhlig funding programme is based upon the priorities as communicated in the current [National Gaelic Language Plan 2018-2023](#) and the [Bòrd's Corporate Plan](#), and as such it is vital that you are familiar with these documents before you submit your application.

## Pròiseactan a gheibhear taic

Tha sgeama am bliadhna gu sònraichte ag amas air taic a chur ri phròiseactan a tha air tighinn am bàrr air sgath COVID-19 a tha:

- A' cur ri comasan is èifeachdas bhuidhnean ann a bhith a' freagairt ri staing COVID-19 an-dràst agus a bhith ag ath-shlànachadh às dèidh làimh
- A' leasachadh sheirbheisean/ghoireasan ùra agus ro-innleachdail airson coimhearsnachd na Gàidhlig a thèid a libhrigeadh fhad 's a tha cuingealachaidhean siubhail is astarachadh sòisealta ann agus/no a tha cur ri iomairt #cleachdaigantaigh air Bòrd na Gàidhlig

Anns an iarrtas agaibh bhitheamaid a' sùileachadh gum bi sibh a' mìneachadh ciamar a bhios am pròiseact agaibh a' freagairt air aon no barrachd air aon de na h-amasan seo, a thuilleadh air na h-amasan bunaitich a tha air an ainmeachadh sa [Phlana Chorporra Bòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig;
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig; agus
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Ann a bhith a' measadh an iarrtais agaibh, bidh sinn a' coimhead air:

- Cho math agus a tha am pròiseact a th' air a mholadh a' freagairt air prìomhachasan na maoin
- An dìleab a bhios aig a' phròiseact airson obair nam buidhnean a tha an sàs agus a' choimhearsnachd Ghàidhlig
- An ìre co-obrachaidh a tha am pròiseact a' sealltainn eadar diofar bhuidhnean
- An ìre de dh'ùr-ghnàthachas a tha air a shealltainn
- Neart nam planaichean agaibh gus buaidh a' phròiseict agaibh a mheasadh
- Luach an airgid a tha ga shealltainn leis a' phròiseact

Gheibhear stiùireadh-measaidh nas mionaidiche [air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig](#).

## Projects this fund aims to support

This scheme would specifically like to support projects that have originated because of COVID-19 that:

- Develop the capacity and effectiveness of organisations to respond to the current COVID-19 pandemic and the recover from it
- Develop new and strategic services/resources for the Gaelic community that can be delivered under movement restrictions / social distancing and/or that support Bòrd na Gàidhlig's #cleachdaigantaigh initiative

In your application we expect you to expand on how your project meets one or more of these aims, as well as the core aims that are identified in the [Bòrd na Gàidhlig's 2018-23 Corporate Plan](#):

- Increasing Gaelic usage;
- Increasing the learning of Gaelic; and
- Promoting a positive image of Gaelic

In assessing your application, we will be looking at:

- How well the proposed project meets the aims of the fund
- The legacy the project will bring for the work of organisations involved and the Gaelic community
- The level of co-operation that the project shows between different organisations
- The level of innovation the project shows
- The strength of your plans to assess the impact of your project
- The value for money demonstrated by the project

Detailed assessment guidance can be found [on Bòrd na Gàidhlig's website](#).

## Riaghailtean airson Phròiseactan

### Co dh'fhaodas tagradh a chur a-steach?

Thathar cur fàilte air iarrtasan dhan Mhaoin Taic COVID-19 bho Bhuidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh Bòrd na Gàidhlig, no buidhnean carthannais no saor-thoileach eile a tha a' libhrigeadh phròiseactan Gàidhlig gu cunbhalach.

Tha fàilte air co-iarrtasan bho bhuidhnean a tha airson obair còmhla air pròiseact.

Chan eil an sgeama fosgailte do dh' iarrtasan bho dhaoine fa-leth.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith aig a' bhuidheann agaibh nuair a tha sibh a' cur an iarrtais aca a-steach.

### Clàr-ama a' Phròiseict

Bidh an sgeama a' toirt prìomhachas do phròiseactan a thèid a libhrigeadh eadar Iuchar 2020 agus Gearran 2021 ach thèid iarrtasan a tha a' moladh clàr-ama eadar-dhealaichte a mheasadh cuideachd.

### Ìrean taic-airgid

'S e £100,000 am buidseat ris a bheilear an dùil airson an sgeama seo. Faodar iarrtasan airson phròiseactan a chur a-steach airson suas ri **£12,500** agus suas ri **80%** de chosgaisean a' phròiseict, seach ma thèid bruidhinn ri oifigearan Bòrd na Gàidhlig is cead fhaighinn ro-làimh.

Tha cosgaisean neo-ionmhasail ceadachta mar phàirt de chosgaisean iomlan na phròiseict.

Cha bhi sinn a' cur taic ri cosgaisean pròiseict ri linn:

- Cosgaisean siubhail no àite-fuirich
- Co-fharpaisean
- Libhrigeadh pàirt de churraicealam na sgoile

Ma thathas a' sireadh taic airson bathar a cheannach, bu chòir dhuibh ceangal eadar-lìn a thoirt seachad dhan duilleag far an tèid a cheannach mar fianais air a' phrìs.

## Project Requirements

### Who can apply?

Our COVID-19 Support Fund is open for applications from Bòrd na Gàidhlig's Delivery Partners, or other charitable or voluntary organisations and groups that regularly deliver Gaelic projects.

Joint applications are welcomed from organisations looking to work together on a project.

The scheme is not open to applications from individuals.

It is essential that your organisation has an active UK bank account at the time of applying.

### Project Timeframe

The fund will primarily look to support projects that are delivered between July 2020 and February 2021, however applications that propose alternative timelines will be considered.

### Funding levels

The estimated budget allocated to this fund is £100,000. Applications may be made for up to a maximum of **£12,500** and up to **80%** of project costs, unless discussed and permitted by Bòrd na Gàidhlig officers.

In-kind costs are permitted as part of a contribution towards total project costs.

We will not be able to support project costs relating to:

- Travel/accommodation costs
- Competitions
- Delivering part of the school curriculum

For any equipment purchase costs requested, a weblink must be provided to the product's listing to provide evidence of the cost.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach nach eil pàirt sam bith de bhuidseat a’ phròiseict airson a tha sibh sireadh taic a’ tighinn bho sgeamaichean maoineachaidh eile no prògraman maoineachadh cunbhalach aig Bòrd na Gàidhlig.

Bu chòir tagraichean toirt fa-near nach bi a’ mhaoin seo a’ cur taic ri cosgaisean bunaiteach no pròiseict a tha a’ faighinn taic bhliadhnail a-cheana, agus cha tèid toraidhean bho phròiseactan a gheibh taic a chlàradh mu choinneamh phuingean-coileanadh a th’ ann an aontaidhean a-cheana.

Gheibh tagraichean a tha soirbheachail 80% den tabhartas iomlan aig tòiseach a’ phròiseict mar as àbhaist, leis an 20% mu dheireadh às dèidh aithisg dheireannach riarachail a bhith air a toirt seachad.

### **Aithne don Taic**

Airson an sgeama seo, feumaidh sibh aithne a thoirt don taic-airgid a fhuair sibh bho Bhòrd na Gàidhlig airson a’ phròiseict agaibh mar pàirt den sanasachd agaibh ann an dòigh a tha leantainn [an stiùireadh aithneachaidh againn](#).

Anns an iarrtas agaibh, bu chòir dhuibh mìneachadh ciamar a nì sibh seo, m.e, a’ toirt iomradh air nuair a nì sibh sanasachd air a’ phròiseact, agus sibh a’ cleachdadh [suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig](#) air stuthan foillsichte.

### **Sgrùdadh is measadh air a’ phròiseact**

Bidh aig gach tagraiche soirbheachail ri sgrùdadh is measadh a dhèanamh air mar a thèid am pròiseact aca a lìbhrigeadh agus feumaidh iad fianais a thoirt seachad air sin san aithisg dheireannaich aca.

Feumaidh sibh cuideachd fiosrachaidh a thional bho chom-pàirtichean sa ri na h-abairtean gu h-ìosal a tha stèidhichte air slatan-tomhais bho [Phlana Corporra Bhòrd na Gàidhlig 2018-23](#):

- “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo bhrosnachadh gus Gàidhlig a chleachdadh nas trice”

You must ensure that no part of the project’s budget for which you are requesting support comes from other Bòrd na Gàidhlig funding schemes or regular funding programmes.

Applicants should also note that the fund will not support existing core or project costs that are supported through currently active funding agreements, and outcomes from projects supported will not be counted towards existing agreement targets.

Successful applications will typically receive 80% of the total grant at the start of the project, with the final 20% pending submission of a satisfactory final report.

### **Acknowledgment**

For this funding programme, you must acknowledge that Bòrd na Gàidhlig were a source of funding for your project as part of your promotion efforts in line with [our acknowledgement guidance](#).

In your application, you must detail how you will achieve this, e.g. acknowledgement in project publicity, use of [Bòrd na Gàidhlig’s logo](#) on printed materials.

### **Project monitoring and evaluation**

All successful projects will be required to monitor and evaluate their project delivery and provide evidence of this in their final report.

You must also collect feedback from project participants relating to the following statements based upon measures in [Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Plan 2018-23](#):

- “This [project/event] has encouraged me to use Gaelic more often”

- “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air mo sgilean Gàidhlig a thoirt air adhart”
- “Tha am [pròiseact/tachartas] seo air cur ri mo bheachd air cho cudromach ’s a tha a’ Ghàidhlig do dh’Alba”

Bu chòir dhuibh sealltainn san iarrtas ciamar a bhios sibh a’ tional an fhiosrachaidh.

Gheibhear teamlaid airson aithisg dheireannaich na phròiseict [air làrach-lìn a’ Bhùird](#) neo le bhith a’ cur post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Pàrantan Corporra

Tha Bòrd na Gàidhlig air a chomharrachadh fon lagh mar Phàrant Corporra ann an Achd na Cloinne is nan Daoine Òga (Alba) 2014. Tha sin a’ ciallachadh gu bheil dleastanasan reachdail oirnn a dh’fheumas sinn a choileanadh a thaobh a bhith feuchainn ri piseach a thoirt air math nan daoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram agus a bhith cur às do chnapan-starra a tha gu tric ro na daoine sin nuair a thig e gu cothroman.

Tha Bòrd na Gàidhlig airson gum bi math dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram air a chur air adhart air feadh nam pròiseactan a tha a’ faotainn taic-airgid bhuainn tro na sgeamaichean maoineachaidh againn. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Pàrantan Corporra aig [www.corporateparenting.org.uk](http://www.corporateparenting.org.uk) agus gheibhear lethbhreac den Ro-innleachd is Plana Gnìomh airson Pàrant Corporra aig Bòrd na Gàidhlig [an seo](#).

Anns an iarrtas agaibh, feumaidh sibh fiosrachadh a bharrachd a thoirt seachad ma tha am pròiseact agaibh a’ cur air dòigh tachartasan, cur-seachadan no a’ toirt chothroman do dhaoine òga a tha, no a tha air a bhith, fo chùram.

- “This [project/event] has enhanced my Gaelic skills.”
- “This [project/event] has made me believe more strongly that Gaelic is important to Scotland”

Evidence should be provided in your application as to how you will collect this feedback.

A template for the final project report [can be found on Bòrd na Gàidhlig’s website](#) or upon emailing [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Corporate Parenting

Bòrd na Gàidhlig is legally designated as a Corporate Parent in the Children and Young People (Scotland) Act 2014. This means that we have statutory duties to fulfil with regard to enhancing the wellbeing of care experienced young people and removing barriers to opportunities which this population often faces.

Bòrd na Gàidhlig encourage projects funded by us to provide activities designed to promote the interests and wellbeing of care experienced young people. More information on Corporate Parenting can be found at [www.corporateparenting.org.uk](http://www.corporateparenting.org.uk) and a copy of Bòrd na Gàidhlig’s Corporate Parenting Strategy & Action Plan [can be downloaded here](#).

In your application, you will need to provide further information if your project provides activities or opportunities for care experienced young people.

## Co-ionannachd

Mar bhuidheann poblach, tha dleastanas aig Bòrd na Gàidhlig co-ionannachd a bhrosnachadh fo Achd Co-ionannachd 2010 gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman rim faighinn do dhaoine gun feart air aois, ciorramachd, ath-bhuileachadh gnè, pòsadh no com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè, taobh gnèitheasach feart dìonte sam bith eile.

Tha dealas aig Bòrd na Gàidhlig gum bi Gàidhlig ri faighinn do muinntir na h-Alba air fad.

Anns an iarrtas agaibh, bidh sinn ag iarraidh oirbh fiosrachadh a thoirt seachad air mar a bhios am pròiseact agaibh fosgailte dhan a h-uile neach, le fios sònraichte mu fheartan dìonte.

## A' cur iarrtais a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig cho luath 's as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn a' phròiseict air post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

Tha fàilte air iarrtasan air an sgrìobhadh sa Ghàidhlig no sa Bheurla.

Mur eil am buidheann agaibh an-dràst mar bhuidheann com-pàirteach libhrigidh Bòrd na Gàidhlig, bu chòir don sgrìobhainnean a bharrachd a leanas a bhith air an cur a-steach cuide ris an iarrtas:

### Riathanach

- Bun-stèidh no Meòrachan
- Na Cunntasan Bliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Dìon Chloinne no Barantachaidh (ma tha clann an sàs sa phròiseact)
- Liosta le Buill a' Bhùird no na Comataidh

### Air moladh

- An Aithisg Bhliadhnail mu dheireadh
- Poileasaidh Gàidhlig
- Poileasaidh Co-ionannachd Chothroman

## Equalities

As a public body, Bòrd na Gàidhlig have a responsibility under the Equalities Act 2010 to promote equality to ensure that opportunities are available for people regardless of age, disability, gender reassignment, marriage or civil partnership, pregnancy and maternity, race, religion or belief, gender, sexual orientation or any other protected characteristic.

Bòrd na Gàidhlig are committed to ensure that Gaelic is available for all people in Scotland.

In your application, you will be asked to detail how you will ensure that your project will be open to all, with particular reference to protected characteristics.

## Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig as soon as possible if you have any questions about your project via email at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

Applications are welcomed written in either Gaelic or English.

If your organisation is not a current Bòrd na Gàidhlig delivery partner, the following supporting documents must be submitted along with the application:

### Essential

- Constitution or Memorandum and Articles of Association
- Most recent annual accounts
- Child Protection or Safeguarding policy (if the project involves children)
- List of board or committee members

### Recommended

- Latest annual report
- Gaelic policy
- Equal opportunities policy

Mur eil na sgrìobhainnean a bharrachd a tha a dhìth air an cur a-steach còmhla ri iarrtas, bidh an t-iarrtas neo-cheadaichte.

Faodar tuilleadh sgrìobhainnean a thoirt dhuinn ma thogras sibh, ach cha tèid am measadh mura tèid bruidhinn orra san fhoirm-iarrtais fhèin.

Bu chòir am foirm-iarrtais a chur a-steach ann am post-d gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Cuairtean iarrtas

Thèid measadh air na h-iarrtasan ann an cuairtean gus am bi am buidseat air a chaitheamh. Feumaidh iarrtasan a bhith air an cur a-steach ro 3f air na làithean ceann-uidhe a leanas airson beachdachadh orra sa chuairt sin:

Cuairt 1 – Diardaoin 25 Ògmhios

Cuairt 2 – Diardaoin 23 Iuchar

Cha tèid cuairt 2 air adhart ach ma tha buidseat air fhàgail gus sin a dhèanamh, ach thèid fios a chur suas air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig gus seo a dhearbhadh. Ma dh'fhaoidte gun tèid tuilleadh chuairtean fhoillseachadh a-rèir buidseat a tha ri fhaighinn.

Cuimhnichibh, dh'fhaodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaidh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

## Pròiseas measaidh iarrtasan

Gheibh a h-uile tagraiche fios bho Bòrd na Gàidhlig a' dearbhadh gun d' fhuair sinn an t-iarrtas aca. Mur eil sibh air fios fhaighinn taobh a-staigh dà làithean-obrach cuir fios gu Bòrd na Gàidhlig gus dearbhadh fhaighinn.

Applications which do not provide the required supporting documents will be declared ineligible.

Further supporting documentation can be provided at your discretion, although they will not be reviewed unless referenced directly in the application form.

The form should be submitted by email to [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot)

## Application rounds

Applications will be considered in rounds until the budget of the fund is utilised. Applications must be submitted by 3pm on the following deadline dates for consideration within the given round:

Round 1 – Thursday 25 June

Round 2 – Thursday 23 July

Round 2 will only run if budget is available to do so, and notice will be posted on Bòrd na Gàidhlig's website to confirm the fund's availability. Further rounds may also be added dependant on budget availability.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

## Application review process

All applicants will receive an acknowledgment to confirm that Bòrd na Gàidhlig have received their application. If you do not receive acknowledgment within two working days please contact Bòrd na Gàidhlig to ensure receipt.

An uair sin thèid sgrùdadh a dhèanamh air iarrtasan le oifigearan Bòrd na Gàidhlig gus dearbhadh gu bheil iad leantainn riaghailtean na maoin agus a thoirt seachad fiosrachadh a tha a dhìth. Ma thathar den bheachd nach eil an iarrtas agaibh ceadaichte, thèid iarraidh oirbh seo a chur ceart taobh-a-staigh 10 làithean-obrach no gun tèid an iarrtas agaibh a dhiùltadh.

Thèid gach iarrtas ceadaichte a mheasadh le pannail de dh' oifigearan Bòrd na Gàidhlig a-rèir stiùireadh-measaidh, agus bidh iad a' moladh iarrtasan dhan Sgioba Stiùiridh airson aontachadh aig a' choinneimh aca sa Chèitean/Ògmhios 2020.

Thèid innse do thagraichean le iarrtas suas ri £12,500 mu cho-dhùnidhean air an iarrtas aca taobh a-staigh trì seachdain bhon cheann-uidhe a bh' ann gus iarrtasan a chur a-steach dhan chuairt.

## Tuilleadh fiosrachaidh

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun a' mhaoin seo, cuiribh fios gu [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) no cuiribh fòn gu 01463 225454.

Gheibhear fiosrachadh mu [phrìobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoin eachaidh air-loidhne](#).

Bòrd na Gàidhlig officers will then screen applications to ensure they comply with the rules of the fund and have provided necessary information. If your application is deemed ineligible, you will be asked to rectify this within 10 working days or your application will be declined.

All eligible applications will be assessed by a panel of Bòrd na Gàidhlig officers according to the assessment guidance, and they will recommend to the Senior Management Team which applications to approve at their next meeting.

All applicants with a funding request of up to £12,500 will be informed of the result of their application within three weeks of the round's submission deadline.

## More information

For more information about this fund, please contact Bòrd na Gàidhlig at [tabhartas@gaidhlig.scot](mailto:tabhartas@gaidhlig.scot) or call 01463 225454.

Privacy information [relating to our funding schemes can be found online](#).